

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

8/24, 1000-1300

Old Man of Hoy / Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Calum MacLeòid (sa Chathair)	Ceit-Anna NicLeòid
	Ingrid NicEanraig	Iain Moireasdan (mar Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd)
Iain MacGilliosa [IG] (Manaidsear IT) – puingean 7-9
Marina NicDhòmhnaill [MMD] (Manaidsear Oifis) – puing 8
Richard McHale [RMH] (Manaidsear Trèanaidh) – puing 8
Catriona Neally [CN] (Oifigear Gnìomhachais) – puing 9
Eunice McAdam & Zarine Manekshaw (Saffery) – puing 10
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (9/11/23)

3.1 Molaichte le Calum MacLeòid agus daingnichte le Ceit-Anna NicLeòid.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Pasgan Cunntasachd Q3 2023-24

- 5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.
- 5.2 Chaidh ceist a chur a bheil còrr sa bhanca a' cruthachadh trioblaid sam bith nuair a thig e gu bhith ag iarraidh àrdachadh ann am maoineachadh. Chaidh a mhìneachadh gum bi an suim sa bhanca aig deireadh na bliadhn' ionmhais cha mhòr uile air a chomharrachadh mu choinneimh diofar chùmhnantan agus gheallaidhean.
- 5.3 Chaidh aithneachadh gu faodadh an argamaid airson maoineachadh tighinn fo cheist nam biodh cus airgead sa bhanca gu cunbalach.
- 5.4 Chaidh aithneachadh cuideachd ge-tà gu bheil MG ALBA dileas do phròiseactan agus ri linn nach eil a h-uile ni fo smachd MG ALBA (mar eisimpleir, cuin a shoighnigeas companaidhean cùmhnantan no cuin a tha filmeadh a' tachairt) tha e an còmhnaidh na chunnart gu ruith cuid de chosgaisean air dheireadh air far an robh dùil is dòchas.
- 5.5 Airson sin atharrachadh, dh'fheumadh MG ALBA ruith ri barrachd phròiseactan na bha e comasach a mhaoineachadh agus a bhith deònach cur às do chuid dhiubh nuair a thigeadh e gu co-dhùnaidhean cruaidh.
- 5.6 Chaidh innse gun deach £600k a bharrachd a chur gu ruige coimiseanadh san Fhaoilleach, a' ciallachadh gu robh e comasach dhà uimhir a choimiseanadh na bhathas an dùil. Thathas an dùil a' mhòr chuid a chur fo chùmhant ro dheireadh na bliadhna ionmhais.
- 5.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte agus thèid fios a chumail riutha mun t-suim-cothromachaidh.

6. KPI/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPlan/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

7. Frèam-obrach Dearbhaidh

Dashboard/ aithisg adhartais

- 7.1 Bha dashboard agus aithisg adhartais air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 7.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

Aithisg shònraichte air Dìon-saidhbear

- 7.3 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn IG mun phàipear.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le aithne gu feumaidh buill air fad a bhith an làthair aig trèanadh saidhbear a dheidheadh a chumail a dh'aithghearr.

Aithisg shònraichte air Plana Leantainneach Gnothaich

- 7.5 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.
- 7.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte

Cunntas bliadhnailear air inbhe chùmhnantan airson seirbheisean

- 7.7 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn SMD mun phàipear.
- 7.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte

Clàr Riosgan

- 7.9 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.
- 7.10 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte

8. Aithisg dearbhaidh HR

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt chun Chomataidh air cùisean luchd-obrach is cosnaidh airson a' chairteil gu 30/12/23.
- 8.2 Chaidh còmhradh a chumail air diofar chuspairean. Chaidh innse gu bheil na lathaichean airson fòrladh-tinneis (sick leave) air a dhol suas gu ìre a tha nas àirde na chuibheasach nàiseanta.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.4 **Gníomh:** air cuspair fòrladh-tinneis thèid coimeas le buidhnean eile ullachadh agus a chur gu buill na Comataidh. ([MMD](#))

9. Poileasaidhean

Geàrr-iomradh air inbhe phoileasaidhean

- 9.1 Bha fiosrachadh air bheulaibh bhall le inbhe phoileasaidhean (Poileasaidh Gàidhlig; Poileasaidh Àrainneachd; Poileasaidh Anabarrachd; Poileasaidh Fastaidh; Fastadh Seann Eucoireachan; Poileasaidh Sponsaireachd).
- 9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte gu robh obair a' dol air na poileasaidhean seo agus gun tèid iad tro sgrùdadadh an Sgioba Àrd-stiùridh.

Poileasaidhean sònraichte airson sgrùdadadh na Comataidh agus moladh chun Bhùird

Cosgaisean siubhail/Siubhal & Àite-fuirich/Cairtean Creideis/Aoigheachd

- 9.3 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan earrannan de Leabhar-làimhe na buidhne air an deach ath-sgrùdadh a dhèanamh.
- 9.4 Bhathas a' moladh (1) àrdachadh ann an crìochan cuid de chosgaisean; (2) nach biodh e comasach deoch làidir a chur air cosgais na buidhne ach nam biodh e mar phàirt de dh'aoigheachd a chaidh aontachadh ro-làimh; (3) nach biodh "flat rate allowances" ann tuilleadh; agus (4) gum biodh poileasaidh chairtean creideas a theannachadh.
- 9.5 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riaraichte le Cosgaisean siubhail/Siubhal & Àite-fuirich/Aoigheachd agus na suimean/crìochan a chaidh an ainmeachadh agus chaidh iad sin a mholadh chun Bhùird agus 2) bha buill den bheachd nach robh am poileasaidh a thaobh Cairtean Creideis soilleir gu leòr.
- 9.6 **Gníomh:** 1) thig pàipear mu na Cosgaisean siubhail/Siubhal & Àite-fuirich/Aoigheachd chun Bhùird air 29/2/24 agus 2) thig tionndadh ùr de phoileasaidh Cairtean Creideis tro phròiseis sgrìobhte no chun ath Chomataidh. **(SMD)**

Poileasaidh Solarachaидh

- 9.7 Bha pàipear agus am Poileasaidh Solarachaидh air beulaibh bhall.
- 9.8 Chaidh innse gun deach am Poileasaidh gu luchd-lagha agus gun d' fhuaireas fios air 7/2/24 a' mìneachadh stairsnichean (a dh'fheumas a bhith air an ùrachadh gach dà bhliadhna).
- 9.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le aithne gun tèid i) na stairsnichean ùrachadh agus 2) na h-earrannan ann am buidhe an ùrachadh, an giorrachadh agus/no an toirt a-mach san tionndadh deireannach, a' leantainn comhairle laghail.
- 9.10 **Gníomh:** thig pàipear chun Bhùird air 29/2/24. **(SMD)**

Còd Coimiseanaidh MG ALBA

- 9.11 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun deach a mholadh aig a' choinneamh mu dheireadh gun deidheadh Còd Coimiseanaidh MG ALBA a chruthachadh, airson a bhith a' riaghlaidh ceannach susbaint, a tha saor bho laghan a thaobh solarachaидh poblach. Tha seo a-nis air a chruthachadh agus tha e air ainmeachadh anns a' Phoileasaidh Solarachaидh mar sgrìobhainn fa leth, leis fhèin.
- 9.12 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le aithne gun deigheadh loidhne a chur ris a thaobh gnothaichean eaonamach.
- 9.13 **Gníomh:** thig pàipear chun Bhùird air 29/2/24. **(DMD)**

Poileasaidh Cùl-stòran

- 9.14 Bha pàipear agus poileasaidh air beulaibh bhall.
- 9.15 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le aithne gun tigeadh a' chiad seantans ann an 1.3 den phoileasaidh a thoirt a-mach.
- 9.16 **Gníomh:** thig pàipear chun Bhùird air 29/2/24. ([SMD](#))

Poileasaidh Chorporra

- 9.17 Bha pàipear agus poileasaidh air beulaibh bhall.
- 9.18 **Co-dhùnadh:** thèid am poileasaidh a neartachadh.
- 9.19 **Gníomh:** thig am poileasaidh air ais chun Chomataidh fo phròiseas sgrìobhte mus tèid e air adhart chun Bhùird air 29/2/24 no san Ògmhios. ([MAMI](#))

Stiùireadh Dòn-Saidhbear

- 9.20 Bha stiùireadh air beulaibh bhall.
- 9.21 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 9.22 **Gníomh:** thig an Stiùireadh chun Bhùird air 29/2/24. ([IG](#))

Poileasaidh IT

- 9.23 Bha poileasaidh air beulaibh bhall.
- 9.24 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le atharrachadh beaga no dha air an cuir ris.
- 9.25 **Gníomh:** thig am Poileasaidh chun Bhùird air 29/2/24. ([IG](#))

Poileasaidh Whistleblowing

- 9.26 Bha poileasaidh air beulaibh bhall.
- 9.27 Chaidh aontachadh gu bheil am poileasaidh fhèin ceart gu leòr ach gum biodh stiùireadh airson luchd-obrach feumail, air a sgrìobhadh ann an dòigh nas iomchaidh/faisg.
- 9.28 Gu mionaideach: (1) feumaidh e bhith furasta do dhaoine draghan a thogail agus nach eil eagal orra; (2) faodar innse gu bheil coidsichean (coaches) a-nis aig MG ALBA airson gach neach, gus a bheil cuideigin eile ann ris am bruidhinn iad; (3) faodar innse gu bheil buidheann Riosg Chorporra ann far am faod riochdairean an luchd-obrach draghan a thogail ann an dìomhaireachd ma tha am fòram sin iomchaidh; (4) bha faclan “wrongdoings” agus “you may be concerned about your position” feumach air mìneachadh; (5) gum b’ urrainn a ràdh gu bheil dìomhaireachd cudromach do MG ALBA; agus (6) gu faodadh na faclan “open whistleblowing” a chur ann am briathran nas fheumaile.

- 9.29 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte, le aithne air 9.28.
- 9.30 **Gníomh**: thig am poileasaidh air ais chun Chomataidh fo phròiseas sgrìobhete mus tèid e air adhart chun Bhùird air 29/2/24 no san Ògmhios. ([MMD](#))

10. Luchd-sgrùdaidh - planadh

- 10.1 Thaisbean Eunice Macadam bho Saffrey Champness aithisg planaidh an luchd-sgrùdaidh gu buill.
- 10.2 Chaidh taing a bhuleachadh air Eunice airson a bhith an làthair.
- 10.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte
- 10.4 **Gníomh**: thig an sgrùdadhbh air adhart agus bidh seo air clàr na Comataidh sa Chèitean. ([SMD](#))

11. Riaghachas na Comataidh

- 11.1 Bha Plana-obrach na Comataidh airson 2024/25 air beulaibh bhall.
- 11.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 11.3 **Gníomh**: thig am plana, cuid ri Aithisg na Comataidh airson 2023/24 agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2023/24, chun Chomataidh aig an ath choinneamh. ([MAMI](#))

12. GISBE

- 12.1 Cha robh gin.

14. Deit na h-ath choinneimh – 28/5/24

Ainm sgrìobhete a' chathraiche:

Deit: